Ephesianaich 6–. "Cuiribh umaibh uile armachd Dhé."

Tha sinn eòlach gu leòir, an diugh, air iomradh cogaidh agus air éiginneas armachd cogaidh; agus cho riatanach is a tha e gum bitheadh an dùthaich seo deas agus uidheamaichte chum i fhéin a dhìon o namhaid sam bith a dh' fhaodadh ionnsaidh a thoirt-sirre.

Ach 'nan robh sinne agus gach sluagh eile cho ullamh gu armachd Dhé a roghnachadh 'sa thatair gu bhith a deilbh, agus a càrnadh suas airm-chogaidh, bhiodh atharrachadh sgeòil ri h-athris air cor an t-saoghail, is air togradh chlann nan daoine do càch-a-chéile.

Mar bheachdaiche glénsda ghluathaich Pòl gach samhla.. a shaoil e freagarrach

chum an Soisgeul a dheanamh soilleir agus simplidh dá luchd-éisdeachd.

Ann an ceum a theachdaireachd dh'fhuiling e iomadh déuchainn, ach mheas e, mar phrìomh-shochair a' bheatha, e fhéin àicheadh air sgàth an t-Soisgeil.

Thug e faicinn spioraid dìorrasach nam fear a bha ruith 'san bhlàr-réis, agus mar an ceudna, cho measarra is cho stuama 's bha gach gleachdaire 'na thùilain. Bha cridhe nan daoine ud 'nan gnothach, agus cha robh caomhnadh orra fhéin chum duais na strì a bhuinnig.

Nach tigeadh e, ma ta, do uile chàirdean an t-Soisgeil a bhith dìleas agus dìochiollach 'nan aidmheil?

Mhothaich an t-Abstol, gu sònraichte mar a bha na feachdan Romanach-saighdearan gaisgeil a bha buadhaichear

'nam là – air an deasachadh is air an comhdach. Bha fhios aca 'de bha an earbsa mitha, agus nach robh cùil ri 'thoirt dhà namhaid a dhaindeoin dèuchainn na cunnart.

Ach air son na cuid sin dheth, nach aithne dhuinn uile cho ionchuidh 'sa tha oidhirp chumbhalach a thaobh gnothach feumail sam bith.

'S e deireadh an làtha 'dhearbhas na fir.

Mas i crìoch àraidh an duine Dia a ghlòireachadh agus a mhealtuinn gu sìorruidh, chan fhaod e 'bhith gun biodh daoine cho fad' air ais is gun roghnaicheadh iad duais aimsireil a théid gu luath am mugha, a thoiseach air àrd-dhuais Dhé, tha mar shaor-thiodhlaic do gach neach a dheònaicheas a gabhail o làimh-

- fhialaidh a Mhic.
"Bidh 'ur duais mòr", agus bidh sibh 'n-'ur cloinn do'n Tì 'as airde."
A nis ann an òg-mhadainn an t-Soisgeil bu nì cudromach e fianuis fhollaiseach an nochdadh air taobh Chriosd. Iadsan a bha deanamh sin, bha iad buailteach ioma géur-~~teannchuimn~~ fhulang, agus a bhith tric ann an ~~cunnart~~ am beatha - cuid, eadhon, nach do sheachainn am bàs air sgàth an dìlseachd ~~do Chriosd~~ dha.
Tha baile Ephesus againn mar shamhla air mar a bha cùisean, an coitcheannas, ann an linn an Abstoil. Bha am baile seo ~~comharraichte~~ airson iodhal-aoraidh, agus cothrom gu leòir ann air sin a dheanamh.
Bha òr-cheàird a bhaile, daoinean trang ag cruth-dheilbh suaicheantas

nan iodhalan, agus bha margadh, gun taing, air suaicheantais sàr-iodhal a 'bhaile – Diàna mhòr nan Ephesianach.

Agus a chionn gun robh an Soisgeul a' dìteadh a leithid de chràbhadh, bha e furasda iorghuill a thogail an aghaidh a chrìosdaidh.

Is tric a bha beatha Phòil fhéin ann an cunnart nam measg, agus bha e, uime sin, iomganach mu na creidich a dh' fhag e na dhéidh ann.

"Cuiribh umaibh," ars' esan riutha, "uile-armachd Dhé: oir chan 'eil sinn a gleachd ri ~~cumhachdan~~ fuil agus feòil, ach ri uachdaranachdan, ri cumhachdan, ri riaghlairean dorchadais an t-saoghail seo – ri aingidheachd spioradail ann an ionadan àrda".

Tha mòran sluaigh, an ceartuair, a' g' nach 'eil suim de

chràbhadh sam bith - bìodh e dubh, no bìodh e geal. Tha iad gun eagal, gun mhothàchadh 'san dòigh sin idir.

Agus, mar sin, ged a tha sinn, 'nar là saor 'o ghéur-leanmhuinn fhaicsinneich, chan 'eil sinn saor bho chaoin-shuarachas a thaobh ar maith spioradail.

Le 'bhith tòirt fainear a lìuthad géur-leanmhuin agus fòirneart ris an do sheas an Soisgeul gu buadhmhor 'sna laithean a dh'fhalbh, bidh teagamh againn, air uairibh, co dhiubh a tha caoin-shuarachas dhaoine da thaobh nas millteche 'san t-seadh sin, na géur-leanmhuin sam bith eile.

Oir co 'tha 'san dùthaich seo, an diugh, nach cuala 'theachdaireachd ach ma chuala, nach lìonmhor iad nach do fhreagair?

Cuid aig nach 'eil uine gu uidh a ghabhail deth — tilleadh ás trang airson mionaid a chàll, aig an àm, ri gnothach den t-seorsa.
Cuid eile, màthadh 'fhavidle, a tha seachnadh thriosd air eagal ceangaltais a ghràidh, — a saoilsinn 'nan aineolas, gum biodh cuing a chàirdeis dhaibh na daorsa an àite saorsa.
Tha, eadhon, aireamh chuimseach leis am bu mhiann a bhith air an cuntas air a thaobh, nach 'eil aonchuid, fuar na teth 'nan togradh dha.
Tha daoine cas a falbh is cas a tighinn adhartas còir riamh, agus cha mhotha 'na iadsan nach 'eil fuar na teth, mòran spàirn na féin-àicheadh as a leth.
Saighdear meagh-bhlath, cha tug e mòran misneich riamh dá chompanaich.

Bhiodh e na b' fhearr dhaibh a bhith
as aonais.
"Fuiling thusa", arsa Pol ri Timoteus,
"cruaidh-chàs mar dheagh shaighdear
Iosa Criosd. Bìodh do chuid agad a
dh' amghar an t-Soisgeil a réir cumhachd
Dhé'."
Tha ordugh Dhé, agus soirbheachadh
an t-Soisgeil an crochadh, gu léir,
air ar dìlseachd d'a Mhac. - a
thuirt ri' dheisciobuil - "as m-aonais-sa
chan urrainn sibh aon ni a dheanamh".
Mar a tha an t-Abstol ag radh. "Criosd -
- cumhachd Dhé agus gliocas Dhe."
B'e iarrtus-san a bhith air fhaotainn
ann an Criosd - comhdaichte leis an
fhìreantachd a tha bho Dhia tre chreideamh.
"Cuiribh umaibh," ars' esan, "an
Tighearna Criosd, agus na deanamh
ullachadh airson na feola chum a

h-anamiannaibh a thoileachadh."

Is e Crìosd fhéin a sgeadaicheas a chuid dhaoine le "àrmachd an t-soluis"

Is aithne dhuinn gu 'bheil an saighdear ann an éisimeil riaghaltas a dhùthcha airson gach ni a bhuinneas dá dhreuchd. Agus is aithne dhuinn, mus cuir mine deise an airm gu 'bheil e mar fhiacaibh air a bhòid a thoirt gun bith e dìleas dá dhùthaich, agus strìochdta dá lagh.

Nach 'eil esan a ghabhas cuing Chrìosd air na' eisimeil-san airson gach ni a bhuinneas do bheatha-shìorruidh, agus fo bhòid gun bith e dìleas dhasan a ghràdhaich e, is a thug e féin air a shon?

Chan 'eil rian eile air trusgan na fìreantachd a chur umainn. Cha do sheas neach 'san trusgan seo riamh nach robh

ullamh gus a thapadh a dhearbhadh
fo 'cheannsail Chriosd.

Am bheil sinne, ma tà, ullamh gu seasamh air a thaobh, is deas gu sinn-fhéin an nochdadh 'san t-strì, mar laoich-an-t-Soisgeil, dhaindeoin co' theireadh e?

Tha Pòl 'na 'carail, ag ainmeachadh na nithean a bha ro-fheumail ann an armachd an t-saighdeir, ragus ag aslachadh air na creidich am gabhail mar shamhla air an lachfhuinn spioradail a bha iomchuidh do 'idh' armachd Dhé.

"Seasamh, uime sin," ars' e fhéin air bhith do 'ur leasraidh air an crioslachadh le firinn agus uchd-éideadh na fìreantachd umaibh.
- agus ullachadh Soisgeul na sithe, mar bhrogan agaibh air 'ur casan.
Thar gach uile ni ag glacadh

do 'ur n-ionnsaidh sgiath a chreidimh leis am bith sibh comasach air uile shaighdean teinnteach an droch-spioraid a mhùchadh. Agus glacaibh clogad na slainte agus claidheamh an spioraid - ni is e focal Dhé - a deanamh urnuigh a ghnàth leis gach uile ghnè urnuigh agus aslachadh 'san spiorad".

Aon ni cinnteach a thaobh armachd Dhé, cha do chuir duine riamh uime i air nach do fhreagair i; agus ni motha 'ghabh duine aithreachas riamh air son a cuir uime. Cha chualas a h-aon ag gearain air a giorrad na air a cuinge. Coimhcheadaidh na h-uile fear deas, eadlaimh innte: ach as a h-aonais chan 'eil an duine ach peallach ann an sealladh Dhé.

12.

"Nach mairg a bhiodh a dhith na h-éideadh rioghail seo-éideadh a tha an-asgaidh, agus air nach dean aois dollaidh?

"A nis dhasan a tha comasach air 'ur gleidheadh 'o thuisleadh, agus air 'ur cur gu neo-lochdach an lathair a ghlòire le aoibhneas ro-mhòr - dòn Dia a tha mhàin glic, ar Slanaighear, gu robh glòir agus mòralachd, neart agus cumhachd, a nis agus air feadh nan uile linn."